

18 MODH-OBACH ATH-THAGRADH MEASADH

RO-RÀDH AGUS SGÒP

- 18.1 Tha na modhan-obrach seo airson dòigh-obrach a lìbhrigeadh a tha cothromach, so-ruigsinneach, agus a bheir ùine do dh'oileanaich ath-sgrùdadh air measadh an oilthigh iarraidh, far a bheil adhbhar ann air a shon.
- 18.2 Tha na modhan-obrach seo freagarrach airson gach oileanach ann am foghlam aig àrd ìre, cho math ris an fheadhainn a tha air an clàradh air prògraman a leanas gu teastanasan SQA agus buidhnean duaiseachaidh eile, agus oileanaich-rannsachaidh aig ìre for-cheum. Gheibh gach oileanach fiosrachadh aig àm inntrigidh air an dòigh a bu chòir ath-thagradh a dhèanamh.
- 18.3 Tha cead aig oileanaich ath-thagradh a dhèanamh an aghaidh co-dhùnadh buidheann-measaidh acadaimigeach, a tha ùghdarraichte co-dhùnaidhean a dhèanamh air adhartas, measadh, agus duaisean nan oileanach, ie bòrd adhartais, bòrd luchd-sgrùdaidh no Comataidh Ceumanan Rannsachaidh. Feumaidh adhbhar reusanta a bhith aig oileanach airson ath-thagradh iarraidh. (Earrann 18.10 gu h-ìosal).
- 18.4 Tha co-dhùnaidhean measaidh a thaobh an SQA (no buidhnean duaiseachaidh eile) an urra ri modhan dearbhaidh taobh a-staigh agus faodaidh iad a bhith air an dearbhadh on taobh a-muigh. 'S ann aig a' bhuidhean dhuaiseachaidh bhuntainneach a tha am facal mu dheireadh a thaobh builean measaidh.
- 18.5 Faodaidh oileanaich a chumail orra leis a' phrogram ionnsachaidh aca gun mhì-leas dhaibh, agus gun chlaon-bhreith a thaobh toradh an ath-thagraidh. Faodaidh iad goireasan agus seirbheisean an oilthigh agus an HAP a chleachdadh cho fad 's a tha an t-ath-thagradh aca a' dol air adhart. Ach, chan urrainn do dh'oileanach a tha air ath-thagradh a dhèanamh a cheumnachadh gus am bi pròiseas an ath-thagraidh seachad.
- 18.6 Faodaidh luchd-tagraidh ath-thagradh a dhèanamh an aghaidh co-dhùnadh measaidh a tha a' buntainn ri inntrigeadh do phrògram no do dh'Aithneachadh Ro-ionnsachaidh tron t-siostam ath-thagraidh, a-mhàin air a bhunait ainmichte gu h-ìosal ge-tà.
- 18.7 Faodaidh oileanaich a tha a' smaoin eachadh gu bheil adhbhar aca airson ath-thagradh a dhèanamh, comhairle agus stiùireadh a shireadh bho chomann nan oileach aca. Bu chòir dhaibh seo a dhèanamh cho tràth 's a b' urrainn.
- 18.8 Chan eil ceangal aig na modhan-obrach seo ri co-dhùnaidhean a bha air an dèanamh tro phròiseasan eile an oilthigh, mar mhodhan smachdachaidh neo-acadaimigeach, no mì-ghiùlan ann am modhan-obrach acadaimigeach, no modhan-obrach air an ruith le no còmhla ri buidhnean proifeasanta buntainneach, no reachdail, no riaghlaidh, leithid phròiseasan iomchaidheachd.
- 18.9 Chan eil na modhan-obrach seo a' gabhail a-steach gearanan oileanach. Tha an dòigh airson ghearanan a làimhseachadh aig <https://www.uhi.ac.uk/complaints>.

ADHBHARAN-TAGRAIDH

- 18.10 Cha tèid gabhail ri ath-thagraidhean an-aghaidh co-dhùnadh buidheann-measaidh acadaimigeach ach airson aon no barrachd de na h-adhbharan a leanas:
- a. gun robh na fhuair oileanach na b' ìsle air sgàth tinneas no adhbharan eile nach robh comasach dhaibh innse no nach robh iad, le deagh adhbhar, airson innse ro choinneamh a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich. Feumaidh fianais sgrìobhte a bhith an lùib an ath-thagraidh, agus feumaidh e an t-àrd-mhanaidsear, a choimheadas air an ath-thagradh an toiseach, a riarachadh. (Faic Earrann 18.13 gu h-ìosal)
 - b. gu bheil fianais ann gun deach mearachd bhunaiteach a dhèanamh a thaobh rianachd no nach deach measadh a làimhseachadh a rèir modhan-obrach agus riaghailtean an oilthigh.
 - c. gu bheil fianais ann gun robh claon-bhreith no claon-bharail no measadh mì-iomchaidh / uireasbhaidheach ann air taobh neach-sgrùdaidh sam bith (oileanaich PGR a-mhain).
- 18.11 Cha tèid gabhail ri ath-thagraidhean a bhios a' cur teagamh ann am breith acadaimigich neach-obrach no buidheann-measaidh acadaimigeach.
- 18.12 Anns a' chumantas cha tèid gabhail ri ath-thagraidhean treas-phartaidh.

MODH-OBACH THAGRAIDHEAN

Ìre 1 – Modh-obrach Neo-fhoirmeil

- 18.13 Ma tha oileanach a' smaoinichadh gu bheil bun-adhbhar aca ath-thagradh a dhèanamh an aghaidh toradh buidheann-measadh acadaimigeach, bu chòir dhaibh bruidhinn, anns a' chiad àite, ris an neach-obrach as iomchaidh anns an HAP aca. Is cinnteach gur e sin an t-òraidiche, no an Taoitear Acadaimigeach Pearsanta, no stiùiriche a' phrògram, no Stiùiriche a' Chùrsa Fhoghlaim aca (airson nan oileanach PDR). Bu chòir dhaibh seo a dhèanamh taobh a-staigh deich latha an dèidh dhaibh toradh a' mheasaidh fhaighinn.

Ìre 2 – Modh-obrach Foirmeil

- 18.14 Mur tèid dèiligeadh ris a' ghnòthach tron mhodh-obrach neo-fhoirmeil, bu chòir oileanach a tha airson ath-thagradh a dhèanamh seo a chur ann an sgrìobhadh, a' mìneachadh nan adhbhar airson an ath-thagraidh, agus a' dearbhadh seo le fianais sgrìobhte a thèid ann am *proforma* ath-thagraidh. Bu chòir seo a chur dhan àrd-mhanaidsear as iomchaidh ann an HAP an oileanaich (gheibh oileanaich ainm agus fiosrachadh dàlach aig àm inntigridh) agus taobh a-staigh 15 latha bhon àm a fhuair an t-oileanach toradh a' mheasaidh.
- 18.15 Leigidh an t-àrd-mhanaidsear fios dhan oileanach anns a' bhad gun d' fhuair an t-ath-thagradh. An uair sin, anns a' chumantas taobh a-staigh deich latha, breithnichidh an t-àrd-mhanaidsear air bun-adhbhar an ath-thagraidh, air an fhianais-sgrìobhte a chaidh a chur. Thèid co-dhùnadh a dhèanamh a bheil cùis *prima facie* ann far am faod an tagradh a dhol gu cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich, a rinn an co-dhùnadh a thaobh a' mheasaidh sa chiad àite. Feumaidh an t-àrd-mhanaidsear a làimhsicheadh an t-ath-thagradh a bhith na neach nach do ghabh gnòthach ris a' chiad cho-dhùnadh a thaobh a' mheasaidh. Gheibh an t-oileanach fios, anns a' chumantas, taobh a-staigh còig latha on àm a bhios an co-dhùnadh air a dhèanamh.
- 18.16 Ma thig an t-àrd-mhanaidsear dhan cho-dhùnadh nach eil cùis *prima facie* ann, agus ma tha

an t-oileanach mì-thoilichte le seo, faodaidh an t-oileanach ath-thagradh a dhèanamh a thèid dìreach gu cathraiche na Comhairle Acadaimigich (**Ìre 3**), air an àbhaist taobh a-staigh deich latha obrach. Ma thig an t-àrd-mhanaidsear dhan cho-dhùnadh gu bheil cùis *prima facie* ann, bidh an gnothach air a chur gu cathraiche a' buidhinn-mheasaidh acadamaigich airson ath-sgrùdadh.

- 18.17 Tha ùghdarras aig cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadamaigich ath-bhreithneachadh a dhèanamh air seasamh a' chiad mheasaidh air sgàth an fiosrachaidh ùir a bha air a libhrigeadh mar bhun-adhbhar an ath-thagraidh. Tha còir aige a radh am bu chòir gabhail ris an ath-thagradh no nach bu chòir, taobh a-staigh deich latha air an abhaist. Faodaidh an cathraiche comhairle a ghabhail bho bhuill bhuntainneach, luchd-sgrùdaidh on taobh a-muigh (chan fheum seo a dhèanamh), no faodaidh e coinneamh den bhuidheann-mheasaidh acadaimigeach shlàn a ghairm.
- 18.18 Innsidh cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich dhan àrd-mhanaidsear a fhuair an t-ath-thagradh sa chiad àite co-dhùnadh na cùise. Innsidh an t-àrd-mhanaidsear mun bhreithneachadh dhan oileanach, cuide ri fiosrachadh air mar a bha an t-ath-thagradh air a rannsachadh. Bidh an co-dhùnadh, agus fiosrachadh sam bith cuide ris, air aithris gu foirmeil dhan ath choinneamh den bhuidheann-mheasaidh acadaimigeach, agus thèid lethbhreac do Dheadhan Ionnsachaidh, Teagaisg agus Oileanaich airson adhbharan sgrùdadh instiuidheach agus leasachaidh.
- 18.19 Ma tha an t-oileanach mì-thoilichte leis a' bhreitheachadh a bha air aithris aig Earrann 18.8, faodaidh iad ath-thagradh a dhèanamh a thèid dìreach gu cathraiche na Comhairle Acadaimigich (Ìre 3), air an àbhaist taobh a-staigh deich latha. Feumaidh an t-ath-thagradh a bhith ann an sgrìobhadh, agus ag innse carson a tha an t-oileanach a' creidsinn gum bu chòir coimhead air a bhreithneachadh a-rithist.

Ìre 3 – Tagradh do Chathraiche na Comhairle Acadaimigich

- 18.20 Air fios mu ath-thagradh bho Ìre 2 fhaighinn, bheir cathraiche na Comhairle Acadaimigich (no neach eile a thèid ainmeachadh) a' chùis gu Deadhan Ionnsachaidh, Teagaisg agus Oileanaich, a nì ath-bhreithneachadh air iarrtas an oileanaich; am fianais a chaidh a chruinneachadh aig Ìre 2 agus a tha anns an fhaidhle mun chùis; agus fianais sam bith eile a chaidh a thairgsinn.
- 18.21 Bhiodh e air sùileachadh bho oileanach gun libhrigeadh iad fiosrachadh ùr, no fianais gun robh modh-obrach mì-riaghailteach ann, no claon-bhreith mar adhbhar airson ath-sgrùdadh ùr a shireadh mu thoradh Ìre 2.
- 18.22 Ma ghabhas Deadhan Ionnsachaidh, Teagaisg agus Oileanaich ris gu bheil bun-adhbharan reusanta aig oileanach ath-sgrùdadh air toradh Ìre 2 iarraidh, faodaidh an Deadhan:
- (i) An t-ath-thagradh a chur gu cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh, mur deach seo a dhèanamh mu thràth, no
 - (ii) Panail tagraidh a ghairm ma tha èisteachd airson an ath-thagraidh air a bhith ann aig Ìre 2 agus nach deach gabhail ris. Air an àbhaist thèid a' phanail tagraidh a ghairm taobh a-staigh trithead latha-obrach. Tha gach conaltradh ris na h-oileanaich, ri buill na panail agus ri neach sam bith eile aig a bheil gnothach ris an tagradh an urra ri Deadhan Ionnsachaidh, Teagaisg agus Oileanaich, an dà chuid ro agus an dèidh èisteachd panail tagraidh. Cha bhi Deadhan Ionnsachaidh, Teagaisg agus Oileanaich a' suidhe air a'

phanail, no a' dèanamh ath-sgrùdadh air an fhianais a thèid dhan phanail.

- 18.23 Mur gabh Deadhan Ionnsachaidh, Teagaisg agus Oileanaich ris gu bheil bun-adhbhar reusanta aig an oileanach ath-sgrùdadh iarraidh air toradh Ìre 2, thèid fios sgrìobhte a chur dhan oileanach mun cho-dhùnadh seo, agus na h-adhbharan air a shon.

BALLRACHD AGUS RAON-ÙGHDARRAIS PANAIL TAGRAIDH

- 18.24 Às leth na Comhairle Acadaimigich, tha ùghdarras aig a' phanail tagraidh beachdachadh agus thighinn gu co-dhùnadh air tagraidhean a tha an aghaidh co-dhùnaidhean measaidh nach deach rèiteachadh tro Ìre 2 den phròiseas tagraidh.
- 18.25 Tha ùghdarras aig panail tagraidh co-dhùnadh buidheann-measaidh acadaimigeach a dhearbhadh no a dh'atharrachadh no a chur às ma gabhas iad ris an tagradh. Tha an t-ùghdarras seo a' toirt a-steach comharraidhean airson mhodalan, buil co-dhùnadh adhartas PGR no measadh *viva*, buileachadh no rangachadh duais, cead a ghluasad air adhart air prògram, fàilleadh no a thoirmisg /no a tharraing bho phrògram air adhbharan acadaimigeach.
- 18.26 Far an tèid le tagradh, faodaidh panail tagraidh dearbhadh, *inter alia*, gu bheil còir aig an oileanach a ghluasad air adhart air prògram ionnsachaidh agus/no a bhith air ath-mheasadh a rèir cumha sam bith a thèid aontachadh, far a bheil seo a chum leas an oileanach agus a tha a' glèidheadh shlatan-tomhais acadaimigeach. Tha na cumhachan seo air chùmhnannt 's gum bi am prògram a' leantainn air adhart agus fhathast ri fhaighinn ann an cruth freagarrach.
- 18.27 Bidh anns a' phanail tagraidh luchd aig nach robh gnothach ris a' chùis ro làimh:
- a. cathraiche na Comhairle Acadaimigich (no neach a thèid ainmeachadh à ballrachd na Comhairle Acadaimigich, agus bidh seo air an àbhaist Deadhan Dàmh aig nach robh gnothach ri Ìre 2, no larr-phrionnsapal (Rannsachadh agus Buidh))
 - b. dithis àrd luchd-obrach
 - c. ceann-suidhe comann nan oileanach, no neach a thèid ainmeachadh
 - d. oifigear agus clàrc don phannal, air ainmeachadh le Deadhan Ionnsachaidh, Teagaisg agus Oileanaich.
- 18.28 Mur a tig panail tagraidh gu aonta iomlan air am bu chòir ath-thagradh a cheadachadh no a dhiùltadh, thig iad gu co-dhùnadh tro bhòtaichean na mòr-chuid. Ma tha a' phanail tagraidh co-ionann air gach taobh a thaobh bhòtaichean, bidh bhòt rèitich aig a' chathraiche. Tha co-dhùnadh na panail tagraidh deireannach.
- 18.29 Cuiridh Deadhan Ionnsachaidh, Teagaisg agus Oileanaich fios sgrìobhte mu thoradh na h-èisteachd dhan oileanach taobh a-staigh còig latha-obrach an dèidh dhan èisteachd a bhith ann.
- 18.30 Bidh e an urra ri Deadhan Ionnsachaidh, Teagaisg agus Oileanaich dèanamh cinnteach gun tèid toradh na panail tagraidh innse do gach luchd-obrach buntainneach agus gun tèid a chur an gnìomh gu ceart.

MODHAN-OBACH PANAIL ÈISTEACHD ATH-THAGRAIDH

- 18.31 Gheibh buill na panail tagraidh am fiosrachadh a leanas co-dhiù còig latha-obrach ro latha na h-èisteachd:
- a. *proforma* ath-thagraidh an oileanaich agus fiosrachadh taic
 - b. toradh a' chiad rannsachaidh a rinn an t-àrd-mhanaidsear, buil ìre 2 den mhodh ath-thagraidh, agus sgrìobhanan sam bith eile a' buntainn dhan chùis, mar as iomchaidh
 - c. aithris sam bith a thàinig bho chathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich bhuntainnich
 - d. toraidhean gach oileanach a rinn am measadh (far a bheil seo iomchaidh)
 - e. riaghailtean measaidh a' phrògram (ma tha iad sin eadar-dhealaichte bho na riaghailtean acadaimigeach riaghailteach).
- 18.32 Cha tèid gabhail ri fianais sgrìobhte a tha air a lìbhrigeadh air latha na h-èisteachd, anns a' chumantas.
- 18.33 Tha cumhachd aig a' phanail mheasaidh iarraidh air neach-obrach sam bith a bhith an làthair, air chumha 's gu bheil ùine reusanta air a bhith air a thoirt seachad airson nochdadh, agus gus coimhead air clàran no fiosrachadh sam bith a tha iad den bheachd a tha riatanach airson an obair aca a choileanadh.
- 18.34 Tha cathraiche a' phanail tagraidh, ann an co-chonaltradh le buill eile den phanail mheasaidh, an urra ri gnothaichean a stiùireadh aig an èisteachd. A rèir an t-suidheachaidh, faodaidh na buidhnean anns an tagradh a' nochdadh fa leth (anns an òrdugh a tha air a mheas iomchaidh) no faodaidh iad a' nochdadh còmhla. Air an àbhaist iarraidh a' phanail mheasaidh air an oileanach, luchd-obrach buntainneach, agus luchd-fianais, an èisteachd fhàgail mus cnuasaich iad air cùisean agus mus tig iad gu co-dhùnadh.

CÒIRICHEAN NAN OILEANACH

- 18.35 Tha còir aig an oileanach an èisteachd a fhrithealadh, agus gheibh iad fios sgrìobhte mun latha agus mun àite, agus na còirichean aca a rèir modh ath-thagraidh, co-dhiù deich latha ron èisteachd.
- 18.36 Chan feum an t-oileanach a dhol dhan èisteachd. Ge-tà, bu chòir fios a bhith aig an oileanach mur a nochd iad (gun deagh adhbhar), caillidh iad an cothrom a' chùis aca a lìbhrigeadh dhan phanail.
- 18.37 Ron èisteachd gheibh an t-oileanach gach pàipear a gheibh buill na panail tagraidh, ach na pàipearan sin a tha an cathraiche a' meas dìomhair dhan phanail tagraidh.
- 18.38 Tha còir aig an oileanach agus neach sam bith ainmichte anns an tagradh a bhith an làthair agus èisteachd fhaighinn aig a' phanail tagraidh, agus faodaidh gach neach ma thogras iad caraid no riochdaire bho chomann nan oileanach a thoirt leotha. Fon mhodh-obrach seo chan eil am facal 'caraid' a' ciallachadh neach-lagha air a thoirt an làthair gu proifeasanta.
- 18.39 Bidh spèis air a thoirt do phrìobhaideachas agus fo-rùnachd nan oileanach, cho fad 's as urrainn. Gidheadh, mur eil e air aithris, thèid a thuigsinn gu bheil oileanaich a' toirt cead dhan phanail tagraidh fiosrachadh sam bith a chleachdadh. Ma tha oileanach airson gum fuireach rud dìomhair, feumaidh iad seo aithris nuair a bhios iad a' cur an tagradh aca a-

steach. Ann an suidheachadh mar seo, dh'fhaodadh nach biodh e comasach beachdadh air an tagradh gu h-iomlan.

CÒIRICHEAN LUCHD-OBACH

- 18.40 Tha còir aig an neach-obrach no aig cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich a rinn co-dhùnadh a bhios air a sgrùdadh, aithris a chur a-steach ro èisteachd a' phanail thagraidh.
- 18.41 Tha còir aig an neach-obrach no aig a' bhuidheann-mheasaidh bhuntainneach a bhith air a riochdachadh aig a' phanail èisteachd. Tha e an urra ri cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich a thaghadh cò a riochdachas am buidheann-measaidh acadaimigeach aig an èisteachd.

TORADH A' PHANAIL MHEASADH

- 18.42 Tha e an urra ri Deadhan Ionnsachaidh, Teagaisg agus Oileanaich litir 'modhan-obrach coileanta' a thoirt dhan oileanach, no buidhnean buntainneach eile, taobh a-staigh còig latha-obrach an dèidh na h-èisteachd. Anns an litir bidh aithris shoilleir a' daingneachadh gu bheil modh-ath-thagraidh a-staigh crìochnaichte; dè an co-dhùnadh a tha ann; agus na h-adhbharan airson a' cho-dhùnaidh. Bidh fiosrachadh na lùib cuideachd a dh'innseas dè na h-ath cheumannan, mar ciamar agus cuin a bhios ath-mheasadh ann.
- 18.43 Innsidh an litir 'modhan-obrach coileanta' cuideachd dhan oileanach air a' chòir aca ath-thagradh a-muigh a dhèanamh ma tha iad fhathast mì-riaraichte leis an toradh dheireannach no le freagairt an ath-thagraidh aca.
- 18.44 Bidh cunntas na h-èisteachd air a thoirt do bhuill a' phanail thagraidh, dhan oileanach fhèin, agus do na buidhnean buntainneach a bha an sàs, cho math ri cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich bhuntainnich.
- 18.45 Tha cunntas mun èisteachd aig panail thagraidh agus an aithisg fo rùn ach do na buidhnean a bha na lùib.

CÒIR ATH-THAGRADH A-MUIGH

- 18.46 Chan eil còir aig oileanaich a tha clàraichte air prògraman anns a bheil teastanasan neo-riaghlaichte (faic cuideachd 17a.3) SQA (duaisean HNC, HND agus PDA nan lùib) tagradh eile a dhèanamh do SQA.
- 18.47 Tha còir aig oileanaich, ma tha iad clàraichte air prògraman le teastanasan riaghlaichte (SVQs nan lùib) (faic cuideachd 17a.3) agus a tha air an duaiseachadh le SQA no buidheann duaiseachadh eile, a dhol an sàs anns a' mhodh ath-thagraidh acasan, ach air an àbhaist nuair a tha modh in-thagraidh an oilthigh fhèin air a chaitheamh.
- 18.48 Tha còir a bharrachd aig oileanaich a tha a' gabhail teastanas riaghlaichte os làimh, tagradh a bharrachd a chur a-steach gu Barantachadh SQA, no Ofqual mar as iomchaidh, nuair a tha iad air modhan ath-thagraidh an oilthigh agus a' bhuidhinn dhuaiseachaidh a chaitheamh. Chan eil cumhachd aig Barrantachadh SQA co-dhùnadh stèidhichte air breithneachadh no measadh acadaimigeach a thionndadh air ais, dìreach airson

beachdachadh air co-dhiù a dh'fhàilig no nach do lean an t-oilthigh pròiseas rianachd iomchaidh

- 18.49 Tha cothrom a bharrachd aig oileanaich a dhol do [Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba \(SPSO\)](#) ma tha iad fhathast mì-riaraichte mar a chaidh an ath-thagradh a làimhseachadh, agus dìreach aon uair 's gu bheil modh làimhseachadh ghearanan an oilthigh air a dhol seachad ma tha iad fhathast mì-riaraichte le toradh an tagraidh no mar a bha e air a làimhseachadh, ach a-mhàin an dèidh dhan dòigh dèiligidh le gearanan aig an oilthigh a chaitheamh. Cnuasachaidh SPSO air gearanan a chaidh a dhèanamh mu fhàilligeadh seirbheis agus mì-rianachd a dh'fhaodadh teagamhan a thogail mu lìbhrigeadh prògram. Chan eil cumhachd aig SPSO car a chur ann an co-dhùnadh stèidhichte air breithneachadh acadaimigeach no measadh, ach a-mhàin a bheachdachadh an do dh'fhàillig an oilthigh pròiseas rianachd iomchaidh a leantainn.

AITHRISEADH AGUS SGRÙDADH

- 18.50 Cuiridh Deadhan Ionnsachaidh, Teagaisg agus Oileanaich geàrr-aithisg bhliadhnail ri chèile airson na Comhairle Acadaimigich air a' phròiseas tagraidh, a' toirt a-steach gach tagradh a chaidh a dhèanamh, gun aire a thoirt air cuin anns a' phròiseas a chaidh fhuasgladh. Faodaidh an aithisg molaidhean a dhèanamh agus beachdan a thoirt seachad air mion-fhiosrachadh no prionnsabalan a dh'èireas bho bhith cnuasachadh air cùisean tagraidh.
- 18.51 Tha e an urra ris a' Chomhairle Acadaimigeach sgrùdadh agus lèirmheas a dhèanamh gu cunbhalach mu cho èifeachdach 's a tha am modh ath-thagraidh, agus cothromam airson leasachadh a chomharrachadh agus deagh-chleachdadh a roinn.

SGÈILE-ÙINE AIRSON MODH-OBACH ATH-THAGRADH MEASaidH

Ìre	Sgèile-ùine	Modh ath-thagraidh	Toradh
1	Taobh a-staigh deich latha-obrach an dèidh brath fhaighinn mu thoradh measaidh	Modh-obrach neo-fhoirmeil Tha an t-oileanach a' feuchainn ris a' ghnòthach a rèiteachadh tro chòmhradh le luchd-obrach buntainneach An tagradh gun rèite	Fuasgladh comasach
2	Taobh a-staigh 15 lathaichean-obrach an dèidh brath fhaighinn mu thoradh measaidh	Modh foirmeil Aig an ìre seo, feumaidh an t-oileanach <i>proforma</i> tagraidh a lìbhrigeadh dhan àrd-mhanaidsear, le fianais far a bheil sin iomchaidh. Thèid fios a thoirt seachad anns a' bhad gun d' fhuaradh an tagradh.	
	Taobh a-staigh deich latha-obrach an dèidh brath fhaighinn mu thagradh	Beachdaichidh an t-àrd-mhanaidsear air na h-adhbharan tagraidh agus thig e gu co-dhùnadh a bheil cùis <i>prima facie</i> ann no nach eil airson cùis a chur do chathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich bhuntainnich.	
	Taobh a-staigh còig latha-obrach an dèidh co-dhùnadh an àrd-mhanaidseir	Bidh co-dhùnadh an àrd-mhanaidseir air a dhaingneachadh dhan oileanach ann an sgrìobhadh taobh a-staigh còig latha-obrach an dèidh a' cho-dhùnaidh.	Fuasgladh comasach
		Ma tha an t-àrd-mhanaidseir den bheachd nach eil cùis <i>prima facie</i> ann, agus ma tha an t-oileanach mì-riaraichte leis a' cho-dhùnadh seo, faodaidh iad tagradh a chur gu cathraiche na Comhairle Acadaimigich taobh a-staigh deich latha-obrach	
	Taobh a-staigh deich latha-obrach an dèidh dearbhadh fhaighinn bhon àrd-mhanaidsear mu thagradh	Ma tha cùis <i>prima facie</i> ann, cuiridh an t-àrd-mhanaidsear an ghnòthach gu cathraiche a' bhuidhinn-mheasaidh acadaimigich, a bheir breith am bu chòir a dhol leis an tagradh no nach bu chòir, a' co-chonaltradh le càch mar as iomchaidh	Fuasgladh comasach


Slatan-tomhais Acadaimigeach agus Riaghailtean Càilidheachd 2025-26
Modh-obrach ath-thagradh measaidh

		Innsidh an cathraiche dhan àrd-mhanaidsear mun cho-dhùnadh, agus innsidh esan an uairsin dhan oileanach agus bheir e seachad fiosrachadh air mar a chaidh an tagradh a rannsachadh.	
		Ma tha an t-oileanach mì-riaraichte leis a' cho-dhùnadh seo, faodaidh iad tagradh a chur gu cathraiche na Comhairle Acadaimigich taobh a-staigh deich latha -obrach.	
3	Taobh a-staigh 30 latha-obrach an dèidh an iarrtais	Panail Ath-thagraidh Iarraidh cathraiche na Comhairle Acadaimigich air Deadhan Ionnsachaidh, Teagaisg agus Oileanaich a' chùis ath-sgrùdadh ma tha Panail Ath-thagraidh a' dol a bhith air a ghairm. Gheibh an t-oileanach fios sgrìobhte mu cheann-latha agus àite na h-èisteachd agus na còirichean aca, co-dhiù deich latha ron èisteachd.	
	Taobh a-staigh còig latha-obrach an dèidh na h-èisteachd	Cuiridh Deadhan Ionnsachaidh, Teagaisg agus Oileanaich fios sgrìobhte dhan oileanach mu thoradh na h-èisteachd taobh a-staigh còig latha-obrach an dèidh na h-èisteachd.	Fuasgladh comasach
		Tha còir a bharrachd aig an oileanach ath-thagradh a chur dhan bhuidheann duaiseachaidh (far nach e UHI a tha ann) airson cuid de na duaisean (faic 18.46-47)	
		Tha còir a bharrachd aig oileanach a tha a' leantainn teisteanas riaghlaidhe ath-thagradh a chur gu Barantachadh SQA, no Ofqual, ma tha sin iomchaidh (faic 18.48)	
		Tha cothrom a bharrachd aig oileanaich a dhol do Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba, an	

Slatan-tomhais Acadaimigeach agus Riaghailtean Càilidheachd 2025-26
Modh-obrach ath-thagradh measaidh

		dèidh fhaicinn gu bheil dòigh làimhseachaidh ghearrannan air a chaitheamh (18.49)	
--	--	---	--

CLÀR-SRUTHA MODH ATH-THAGRAIDH



Fios: aig ìre sam bith bheir fuasgladh am pròiseas gu crìch.